

Tuairisgeul obrach

Tìotal na Dreuchd:	Stiùiriche Leasachaidh
Sreath-mhanaidsear:	Ceannard
Àite:	Ag obair on taigh sa chiad dol a-mach
Cùmhnant:	Seasmhach
Tuarastal:	C2 (£64,698 - £74,675)
Amannan fosglaidh:	Làn-ùine

Co-theacsa

Tha Bòrd na Gàidhlig (BnG) na bhuidheann phoblach neo-roinneil a chaidh a stèidheachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Is e a' phrìomh bhuidheann ann an Alba a tha an urra ri a bhith a' cur air adhart leasachadh na Gàidhlig agus a bhith a' toirt comhairle do Mhinistearan na h-Alba air cùisean Gàidhlig agus air foghlam. 'S e an t-amas aige cleachdadh na Gàidhlig àrdachadh ann an Alba. Tha tòrr den obair aig BnG co-cheangailte ri bhith ag ullachadh agus a' sgrùdadh cur an gnìomh Plana Nàiseanta na Gàidhlig, cho math ri bhith a' cuideachadh le ullachadh agus sgrùdadh nam Planaichean Gàidhlig aig buidhnean eile a tha mar bhunait air leasachadh cànan.

'S e lèirsinn Bhòrd na Gàidhlig gum faicear is gun cluinnear i gu làitheil air feadh na h-Alba, agus gun tèid aithneachadh gu farsaing gu bheil i aig cridhe beatha na h-Alba agus gu bheil i na stòras cultarach is eaconomach.

Tha dleastanasan foghlaim reachdail aig Bòrd na Gàidhlig fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016.

Adhbhar na Dreuchd

'S e prìomh dhleastanas nan stiùirichean aig Bòrd na Gàidhlig taic a thoirt dhan Cheannard gus amasan Bhòrd na Gàidhlig a libhrigeadh. Mar bhunait ris na h-Amasan seo tha riatanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 a tha air an cur an cèill tro Phlana Nàiseanta na Gàidhlig. Ann an co-theacs a' Phlana Nàiseanta aontaichte, tha Bòrd na Gàidhlig ag obair tro Phlana Corporra 5-bliadhna a tha a' ruith aig an aon àm ris a' Phlana Nàiseanta. Tha am plana seo na fhrèam airson plana obrachaidh agus buidseat bliadhnail Bhòrd na Gàidhlig.

Cuideachd, bheir na Stiùirichean Ceannardas Gnìomhach do luchd-obrach BnG thar nan raointean obrach: Planadh Cànan, Maoineachadh Leasachaidh, Foghlam is Ionnsachadh agus Com-pàirteachadh Luchd-ùidh agus Conaltradh. Bidh dleastanasan obrachaidh a rèir sgilean agus eòlas

Bidh an dreuchd seo a' cur ri measadh leantainneach air gnìomhan agus structairean gus na h-àrd-amasan aig luchd-ùidh do Bhòrd na Gàidhlig a libhrigeadh dhan ìre as fheàrr agus bidh i deatamach ann a bhith a' cruthachadh fhreagairtean do chothroman is dùbhlain a tha mu choinneamh Bhòrd na Gàidhlig.

Prìomh-amasan

Cruthaich agus cùm suas dàimhean buannachdail le prìomh luchd-ùidh, gu sònraichte aig ìrean poblach agus an treas roinn.

Cruthaich agus thoir buaidh air ro-innleachdan iomchaidh agus àrach chom-pàirteachasan gus deagh àrainneachd a chruthachadh gus a' Ghàidhlig agus a cultar a thoirt air adhart ann an coimhearsnachdan.

Dèan measadh leantainneach air adhartas agus air prìomhachasan is cothroman a tha a' tighinn am bàrr airson leasachadh na Gàidhlig, agus gabh uallach iomlan airson a' phròiseas gus Plana Nàiseanta na Gàidhlig ath-sgrùdadh agus ùrachadh.

Thoir seachad ceannardas agus stiùireadh gus leigeil le luchd-obrach agus buidhnean bhon taobh a-muigh a tha an sàs ann an iomairtean coimhearsnachd obrachadh còmhla gu h-èifeachdach gus poileasaidhean èifeachdach a chruthachadh agus gus builean Plana Nàiseanta na Gàidhlig a chruthachadh agus a libhrigeadh.

Dèan cinnteach gu bheil prìomhachasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig rim faicinn ann an Planaichean Gàidhlig reachdail nam Buidhnean Poblach.

Mar bhall den Sgioba-stiùiridh, cuir ri ceannardas, ro-innleachd, agus stiùireadh èifeachdach BnG.

Dleastanasan Sònraichte

Bithear an dùil gun coilean an neach san dreuchd gnìomh no dleastanas sam bith a thathas a' meas a tha gu reusanta a' tighinn taobh a-staigh adhbhar no obair na dreuchd gus amasan na buidhne a libhrigeadh.

Seo geàrr-chunntas de dhleastanasan sònraichte a dh'fhaodadh a bhith an lùib na dreuchd seo:

Mar bhall den Sgioba-stiùiridh, obraich leis a' Cheannard gus ro-innleachd buidhne a chruthachadh agus a libhrigeadh, taobh a-staigh an fhrèam-obrach nas fharsainge de Chomharran Coileanaidh Frèam-obrach Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba.

Comharraich agus dèan am fheum as fheàrr de chothroman aig BnG gus buaidh a thoirt air cùisean ro-innleachd is poileasaidh nas fharsainge, agus gus am fiosrachadh, a' freagairt cho-chomhairlean poblach mar as iomchaidh.

Obraich gu dlùth leis an luchd-obrach iomchaidh aig BnG gus dèanamh cinnteach gum bi conaltradh

iomchaidh agus ann an deagh àm tro sruthan-obrach uile buidhne.

Tòisich agus cuir an gnìomh ro-innleachd luchd-ùidh dhan bhuidhinn

Thoir seachad stiùireadh ro-innleachdail airson buidseat leasachaidh BnG agus dèan cinnteach gu bheil aithris, sgrùdadh agus measadh èifeachdach.

Thoir seachad ceannardas, coidseadh agus stiùireadh do luchd-obrach, a' suidheachadh inbhean agus cinn-uidhe agus a' cumail sùil air coileanadh, agus a' dèanamh ath-sgrùdadh leantainneach air a h-uile dreuchd gus dèanamh cinnteach gu bheil iad a' cur ri libhrigeadh Phlanaichean Corporra is Gnìomh.

Thoir comhairle dhan Sgioba-stiùiridh, Buill a' Bhùird agus Ministearan na h-Alba air leasachadh na Gàidhlig aig ìre nàiseanta is ionadail agus air cùisean cultarail Gàidhlig mar a dh'fheumar, a' gabhail a-steach ro-innleachdan maoinachaidh.

Tar-shealladh a bhith air prògram libhrigidh nam Planaichean Gàidhlig, agus a' comharrachadh leasachaidhean a chuireas ri buaidh a' phrògram obrach agus a' dèanamh cinnteach gu bheil a' cumail ris na riathanasan reachdail uile a tha air am mìneachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

A bhith mar neach-ionaid dhan Cheannard nuair a bhios seo a dhith.

Comasan, Eòlas agus Teisteanasan

Riathanach

Eòlas air a bhith ag obair aig àrd-ìre taobh a-staigh na roinne poblaich.

Comas air smaoineachadh agus gnìomhan a ghabhail gu ro-innleachdail gus buaidh a libhrigeadh, le comas dearbhte air planaichean a ghabhas coileanadh a dhèanamh bho ro-innleachdan nàiseanta is buidhne. Eòlas air a bhith ag obair le siostaman buidhne iom-fhillte agus a bhith a' stiùireadh atharrachadh.

Eòlas mionaideach air agus com-pàirt ann an cùisean coimhearsnachd na Gàidhlig, àrainneachd agus co-theacsa na Gàidhlig san fharsaingeachd a' gabhail a-steach cùisean poilitigeach.

Sàr sgilean buaidh agus barganachaidh le comas dearbhte air daoine a bhrosnachadh aig gach ìre.

Comas dearbhte air co-òrdanachadh ro-innleachdail, buaidh a thoirt air agus stiùireadh a thoirt do bhuidhnean agus comainn gus ro-innleachdan coitcheann aontachadh agus a libhrigeadh.

Eòlas air a bhith a' stiùireadh bhuidseatan a' gabhail a-steach sgeamaichean maoinachaidh agus a' faighinn an luach as fheàrr bhuapa

Comas dearbhte air lionraidhean tarbhach agus èifeachdach a thogail.

Sgilean ceannais fìor èifeachdach agus eòlas air a bhith a' stiùireadh agus a' leasachadh sgioba, ag obair còmhla ris an sgioba-stiùiridh san fharsaingeachd agus a' dol an sàs gu h-èifeachdach leis a' Bhòrd-stiùiridh.



Eòlas air a bhith a' leudachadh ruigsinneachd buidhne tro bhith a' stiùireadh dhàimhean èifeachdach le luchd-ùidh, agus ag obair le agus tro dhàimhean ro-innleachdail, com-pàirteachasan, lionraidhean agus caidreachasan eile.

Air oideachadh gu ìre ceuma no co-ionann le eòlas nach beag air leasachadh na Gàidhlig agus cultar na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan agus eòlas air an reachdas co-cheangailte ris.

Fileantachd an dà chuid ann an Gàidhlig labhairteach agus sgrìobhte.

Fiosrachadh a bharrachd

Sreath-mhanaidsear do:Ri aontachadh sa phlana obrach

Ìre agus Tuarastal: Tòisichidh luchd-inntrigidh ùr mar as trice air an ìre as ìsle den sgèile pàighidh le dreuchdan maireannach airidh air adhartas mean air mhean, le ùmhlachd do phoileasaidh Bòrd na Gàidhlig.

Sochairean: Bidh luchd-obrach le cùmhnantan maireannach, no cùmhnantan sealach a mhaireas 3 mìosan no nas fhaide, nam buill de Mhaoin Peinnsein Chomhairle na Gàidhealtachd, , leis an fhasaiche a' cur sùim luach 19.5% ris, mura dèan iad iarrtas gus tarraing a-mach.

www.highlandpensionfund.org

Tha còir air 30 latha de làithean-saora sa bhliadhna, agus 7 làithean-saora poblach. Tha seo ag èirigh gu 35 latha sa bhliadhna às dèidh a bhith ag obair dhuinn fad 4 bliadhna.

Dh'fhaodte gum bi agad ri siubhal gu tric mar phàirt den obair seo agus dh'fhaodte gum bi oidhcheannan air falbh bhon dachaigh a dhìth uaireannan.

Seo tuairisgeul air an obair mar a tha i an-dràsta. Tha e na chleachdadh àbhaisteach ath-sgrùdadh a dhèanamh air tuairisgeulan obrach bho àm gu àm gus dèanamh cinnteach gu bheil iad buntainneach dhan obair a thathar a' dèanamh aig an àm sin, agus gus dèanamh cinnteach gu bheil e a' gabhail a-steach atharrachadh sam bith a tha air tachairt no a thathar a' moladh.